

Aonta: Aois aonta

Mu aois aonta
Pàirt 1 earrannan

1. 'S e 16 an aois aonta ann an Alba do dh'fhireannaich agus boireannaich òga.

2. Tha an aon aois aonta ann dhan h-uile neach – ged a bhiodh tu eile-sheòrsach, leisbeach, gèidh, dà sheòrsach no tàr-gh-nèitheach.

3. Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' feitheamh gus am bi iad 16 no nas sine mus bi iad ri feise.

4. Ma tha an dithis agaibh nas sine na 16, agus an dithis agaibh ag iarraidh a bhith ri feise, tha e an uair sin laghail.

Aonta: Aois aonta

Mu aois aonta
Pàirt 1 earrannan

5. Ma tha an dithis
agaibh 13,14 or 15,
an uair sin tha thu
fhèin agus do chèile a'
bristeadh an lagh.

6. Ma tha aon neach
13, 14 or 15 bliadhna
a dh'aois agus aon
neach 16 no nas sine,
agus ma bhios sibh ri
feise, tha an neach as
sine a' bristeadh an
lagh.

Aonta: Aois aonta

Mu aois aonta
Pàirt 2 earrannan

7. Ma tha thu fo aois 13, tha an lagh ag ràdh gu bheil thu ro òg airson aonta a thoirt seachad airson gnìomhan feiseil sam bith, me suathadh feiseil no feise beòil no feise faighein no feise tòine.

8. Tha e neo-àbhaisteach gum bi daoine' òga (aois 13, 14 or 15) air an cur fo chasaid ma tha an dithis aca toilichte agus fhad 's nach eil aon neach a' toirt air neach eile a bhith ri fèise.

9. Ma tha thu 13, 14 no 15 agus gum bruidhinn thu ri neach proifeiseanta mu bhith ri feise rid bhràmair feumaidh iadsan a bhith cinnteach gu bheil thu sàbhailte còmhla ris an neach sin.

10. Ma tha thu fo aois 16 agus thu ri feise ri neach a tha tòrr nas sine na tha thusa, bidh neach proifeiseanta iomagain mud shàbhailteachd. 'S dòcha gum feum iad bruidhinn ri daoine eile airson do dhìon, ach bruidhnidh iad riutsa an toiseach fhad 's nach eil èiginn sa chùis mu do shàbhailteachd 's feum air do dhìon bho chron.

Aonta: Aois aonta

Mu aois aonta
Pàirt 2 earrannan

11. Tha e an còmhnaidh ceàrr agus an aghaidh an lagh toirt air neach eile a bhith ri feise an aghaidh an toil, ge bith dè an aois a tha thusa no iadsan.

12. Airson cuideachadh le dìon dhaoin' òga, tha e an aghaidh an lagh do chuideigin aois 18 no nas sine, a dhol an sàs ann an gnìomh feise còmhla ri cuideigin aois 16 no 17 ma tha an neach as sine ann an suidheachadh earbsach. Tha suidheachadh earbsa a' ciallachadh cuideigin a tha a' coimhead às do dhèidh, mar eisimpleir, ann an sgoil no ann an dachaigh cùraim.